



CLACHAN GÀIDHEALACH NA H-ALBANN NUAIDH

2.2 - POLASaidH NA GÀIDHLIG

1.0 Aithisg Pholasaidh na Gàidhlig

1.1 Tha e `na dhleasdanas aig Comann Clachan Gàidhealach na h-Albann Nuaidhe, mar gu bheil e `na eagrachadh ionadail as leth Taigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidhe, aithris a thoirt air eachdraidh nan Gàidheal, agus an sliochd an Albainn Nuaidh, eadar mu thiomcheall 1773 - 1930. Cuiridh an Clachan Gàidhealach an seachas seo an céill gu dà-chànanach, Gàidhlig agus Beurla, mar thaigh-tasgaidh eachdraidh bheò air a' bhàr amuigh agus ionad cultuir a chumas taic ri dualchas coimhearsnachd na Gàidhlig an là an-diugh. Tha am polasaidh seo `na bhun-stéidh do luchd-obrach, dhan bhòrd-stiùiridh agus do luchd saor-thoileach. Tha am polasaidh seo a' solarachadh seòil air taisbeanaidhean poblach, agus air ceann a' ghnòthaich a' Chlachain Gàidhealaich `san fharsaingeachd, tro mheadhan na Gàidhlig.

2.0 Gàidhealtachd na h-Albann Nuaidh agus Clachan Gàidhealach na h-Albann Nuaidh

2.1 Bho `n àm chomharraichte nuair a ràinig an soitheach-seòlaidh Hector Cala Phictou `sa bhliadhna 1773 le 189 luchd-siubhail air bòrd innte a mhuinntir Rois an Iar, gu deireadh inimrich nan Leòdhasach agus nan Hearach a thuinich air a' Chladach-a-Tuath ann an Siorramachd Bhictoria ann an teis-meadhan na naoimheamh linn deug, thàinig na Gàidheil `nam mìltean air turas gu faigheadh iad fearann dhaibh fhéin anns na siorramachdan an ear de Mhór-roinn na h-Albann Nuaidhe. Thog na Gàidheil dachaidhean `s coimhearsnachdan ùra, air an sònrachadh gu cinnidheach le `n cànan, cultar `s nòs. Air an treasamh là dhe `n t-Samhain, 1959, chaidh An Clachan Gàidhealach a stéidheachadh mar thaigh-tasgaidh gus stòiridh dearbhte Gàidheil na h-Albann Nuaidh a ghléidheadh agus a dh'aithris. Anns an aon àm, tha e `na bhanntach aig a' Chlachan a thagradh as leth coimhearsnachd dhùthchasach na Gàidhlig a tha ann fhathast chun a' là an-diugh.

2.2 Chaidh e chur an céill gu robh An Clachan Gàidhealach `na thaigh-tasgaidh a `s ùire aig inbhe na Mór-roinn air an t-seachdamh là deug dhe `n Òg-mhìos, `sa bhliadhna 2000. Tha sgrìobhte, am pàirt, anns an éigheachd air a' cheangail eadar Roinn Turasachd `s Cultair Mór-roinn na h-Albann Nuaidh agus Comunn Clachan Gàidhealach na h-Albann Nuaidh mar a leanas: *Uime sin, tha sinn air ar n-ainmeannan a chur ri seo shìos mar gheall gun lean sinn oirnn air a bhith a' soillearachadh seanachas nan Gàidheal troimhe mheadhon an taigh-tasgaidh againn. Tha sinn a' gealladh gun cur sinn air thaisbeanadh cànan agus dualchas nan Gàidheal mar shochair do mhuinntir na h-Albann Nuaidh gu léir agus do na daoine a thig a thadhail oirnn. Tha sinn air aontachadh gun dean sinn air*

dìcheall gus muinntir na Mór-roinn a bhrosnachadh gu bhi fiosrach mu luach cultur nan Gàidheal mar a bha, a tha, agus a bhitheas agus a chur ris an dìleab phrìseil seo a chumail suas.

2.3 Anns a' bhliadhna 2009, thug Prìomh Innleachd Thaisbeanadh Thaigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidh dhan Chlachan Ghàidhealach na dleasdanasan seo a leanas:

- a. *A chleachdadh suidheachadh taigh-tasgaidh air a' bhlàr amuigh gus stòraidh co-àiteachas nan Gàidheal an Albainn Nuaidh, ré na naoidheamh linn deug gu tràth anns an fhicheadamh linn deug, a chlàradh, a mhìneachadh agus a chur air thaisbeanadh.*
- b. *A leasachadh ionad-cultair a ghléidheas agus a bheir air chuir dualchas, cànan agus nòsan nan Gàidheal, mar a thàinig sin gu bhi an Albainn Nuaidh.*
- c. *A thoirt gu inbhe làrach thaigh-tasgaidh a bhitheas gu buileach dà chànanach.*
- d. *A sholarachadh gu taiceal chothroman air seirbhisean rannsachaidh (le sinnsireachd `nan lùib) a chleachdas sliochd nan Gàidheal an Albainn Nuaidh, agus daoine eile, aig a bheil suim an eachdraidh agus cultar nan Gàidheal.*
- e. *A riarachadh forfhais agus toraidhean rannsachaidh air eachdraidh nan Gàidheal, gu h-àraid aréir mar a tha am fiosrachadh sin a' sònrachadh na h-Albann Nuaidh.*

2.4 Aréisde, tha am polasaidh seo a' sònrachadh, agus a' stéidheachadh, nam prìonsabalan stiùiridh a tha comharrachadh na Gàidhlig mar am prìomh mheadhan los òrdugh agus grìomhachas Comann Gàidhealach na h-Albann Nuaidh a chur air adhart an dàimh ri coimhearsnachd Ghàidhealach na Mór-roinn agus coimhearsnachd na Gàidhlig eadar-naiseanta. Tha Comann Gàidhealach na h-Albann Nuaidh `na chomann riaghlaidh iondadaile aig a bheil an dleasdanas, as leth Thaigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidh, Roinn Choimhearsachd, Chultair agus Dualchais, An Clachan Gàidhealach - taigh-tasgaidh agus ionad beatha na tuatha - a chumail air deagh shaod.

3.0 Rùn a' Pholasaidh

3.1 Tha an Clachan Gàidhealach an déidh Polasaidh na Gàidhlig a dheasachadh air sgàth trì prìomh adhabhairean:

- a. *A dheanadh cinnteach gur ann aig a h-uile ceum a bhios an Clachan Gàidhealach làmh an sàs gus a dhleasdanas bunaiteach a thoirt gu ìre mar Bhall do Thaigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidh, mar a tha an dleasdanas sin `ga thoirt air dhealbh `san éigheachd a chuir An Clachan Gàidhealach air bhog mar phàirt do Thaigh-tasgaidh na h-Albann Nuaidh anns a' bhliadhna 2000.*
- b. *A leasachadh dòigh chunbhalach air mìneachadh Gàidheil na h-Albann, agus an sliochd an Albainn Nuaidh, a chur air thaisbeanadh dearbhte tro mheadhan an cànan agus cultair.*
- c. *A riochdachadh, agus a phàirteachadh, dualchas Gàidhlig na h-Albann Nuaidh, an dàrna cuid air làrach a' Chlachain Ghàidhealaich, agus anns a' choimhearsnachd, tro mheadhan shàr chleachdaidhean.*

3.2 Tha am polasaidh seo air a chruthachadh air aithne gu bheil am poball an earbsa ris a' Chlachan Ghàidhealach gus dualchas na Gàidhlig a chur an céill an Albainn Nuaidh tro mheadhan cànan, dualchais agus eachdraidh.

4.0 Amasan a’ Pholasaidh

4.1 Tha amasan a’ pholasaidh seo mar a leanas:

- a. A dheanadh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig `na tùs-cothrom bunaiteach, an dàrna cuid an cois taisbeanadh làrach a’ Chlachain agus iomairtean anns a’ choimhearsnachd.
- b. A dheanadh cinnteach gu bheil an Clachan Gàidhealach `na chloich-oisinn a chumas taic ri iomairtean sìor-leantainneach gus Gàidhlig a leasachadh anns a’ Mhór-roinn.
- c. A chur air thòiseach an tuigse gur e a’ Ghàidhlig agus dualchas Gàidhealach a nì sònraichte Gàidheil na h-Albann, agus an sliochd, mar mhór-chinneadh an Albainn Nuaidh.
- d. A mheudachadh tuigse air eachdraidh Ghàidhealtachd na h-Albann Nuaidh, mar a tha i chun an là an-diugh, tro mheadhan cànan agus cultar a coimhearsnachd stéidheachaidh.

5.0 A’ Cur a’ Pholasaidh Seo An Gnìomh

5.1 Tha am polasaidh seo a’ builleachadh air gach raon de iomairtean a’ Chlachain, m.e. taisbeanadh, nòs `s dualchas, prógramannan àraid, foillseachadh, àrdachadh, gnìomhachas anns a’ choimhearsnachd, leas-chrùnnadh cléireachdail, tobraichean daonda agus riaghladh.

6.0 Fasdachd agus Tréineadh

- 6.1 Bidh eòlas air a’ Ghàidhlig, agus a cultar, `ga mheasadh luachmhor aig an àm a shireadh luchd-obrach agus am fasdadh.
- 6.2 Bidh tréineadh luchd-obrach air bruidhinn agus nòsan na Gàidhlig `ga solarachadh gu cunbhalach, leantainneach.

7.0 Riaghladh

7.1 Bidh eòlas air a’ Ghàidhlig agus a cultar `ga mheasadh luachmhor aig àm buill stiùiridh a shònrachadh do bhòrd-stiùiridh Comann a’ Chlachain Ghàidhealaich.

8.0 Sanasachd, Stuth Doideatach agus Clò-bhuailte

- 8.1 Bidh eòlas air sgeul a’ Chlachain Ghàidhealaich air a thaic le sanasan dà-chànanach agus stuthan clo-bhuailte, mar a tha bileagan, irisean, sanasachd, bhidio, agus an leithid a bhuineas do ghnòthach a’ Chlachain, mar a bhios iomchaidh.
- 8.2 Bidh litreachadh na Gàidhlig `ga chleachdadh gu puingeil, ceart, gus an ìre as motha a ghabhas dèanamh, nuair a nochdas stuth an clò a bhuineas do ghnòthach a’ Chlachain.
- 8.3 Bidh a’ Ghàidhlig ann air thòiseach, aig gach uair a bhios comas air, ann an stuthan àrdachaidh a’ Chlachain Ghàidhealaich.

9.0 Dàimh Poblach

9.1 Cumaidh An Clachan Gàidhealach taic, agus tobraichean, r’a choimhearsnachd-taghadh le gnìomhachas anns a’ choimhearsnachd, agus `na bhroinn fhéin, mar is iomchaidh agus aréir comais.

- 9.2 Sgaoilidh luchd-obrach, agus ballrachd a' bhùird-stiùiridh, aig a bheil Gàidhlig, fios air polasaidh Gàidhlig a' Chlachain Ghàidhealaich. Mar an ceudna nì iad àrdachadh air cànan, eachdraidh agus cultar nan Gàidheal tro mheadhan na Gàidhlig dha na meadhannan Gàidhlig.
- 9.3 Gheobhar a' Ghàidhlig an cois dàimh poblaich, mar 's iomchaidh agus cho tric 's 's urrainn, gus gnìomhachas, toraidhean agus iomairtean a' Chlachain Ghàidhealaich a chomharrachadh.
- 9.4 Bi luchd-obrach a' Chlachain uile fiosrachail air iomairtean na Gàidhlig a bhios ann air Gàidhealatachd na h-Albann Nuaidh an là an-diugh.

10.0 A' Cuideachadh le Coimhearsnachd na Gàidhlig

- 10.1 Nì an Clachan Gàidhealach cuideachadh le coimhearsnachd na Gàidhlig air mhodh nan iomairtean mar a leanas: tadhal air sgoiltean, prógramannan sònraichte, a' teagasg na Gàidhlig agus taic corparra.
- 10.2 Mar a ghabhas e dèanamh, cumaidh an Clachan Gàidhealach taic ri còmhlain agus buidhnean coimhearsnachd gus Gàidhlig a dh'àrdachadh.

11.0 Co-obrachadh leis a' Riaghaltas

- 11.1 Mar a ghabhas e dèanamh, nì an Clachan Gàidhealach co-chuideachadh le oifisean a' riaghatais gus Gàidhlig a dh'àrdachadh.

12.0 Co-chuir a' Pholasaidh

- 12.1 Tha am polasaidh seo 'na sgrìobhainn aig a bheil na prionnsabalan a stiùireas riochdachadh na Gàidhlig aig a' Chlachain Ghàidhealach.
- 12.2 Tha am polasaidh seo na sgrìobhainn stiùiridh a dh'fheumas buill stiùiridh, luchd-obrach, cunnantairean agus luchd saor-thoileach a' Chlachain Ghàidhealaich a leantainn.
- 12.3 Ma thachras gum bidh riathanas ann cùis na Gàidhlig a shoillearachadh aig a' Chlachain Ghàidhealach - aréir a' pholasaidh seo - tha Comann Clachan Gàidhealach na h-Albann Nuaidh air aontachadh gun iarrar comhairle aig luchd-ealanta .

13.0 Sgrùdadh Polasaidh

- 13.1 Bi e iomchaidh am polasaidh tùsail seo a sgrùdadh gun fhiosda nach bi atharrachaidh e riathanach leasachaidhean a dhèanamh air, air neo tuilleadh fiosrachaidh a chur ris, aréir atharracha dh' 'san t-suidheachadh. Nìthear sgrùdadh air a' pholasaidh seo gach còig bliadhna, air neo mar a bhios e riathanach.

Chaidh gabhail ris a' pholasaidh seo le Bòrd-stiùiridh Comunn a' Chlachain Ghàidhealaich An t-Iuchar 20, 2009, air ùrachadh An t-Samhain 14, 2014.



NOVA SCOTIA HIGHLAND VILLAGE SOCIETY POLICY MANUAL

2.2 - GAELIC LANGUAGE & CULTURAL POLICY

1.0 Gaelic Language & Cultural Policy Statement

1.1 The Nova Scotia Highland Village Society, as the local managers of the Highland Village Museum/ An Clachan Gàidhealach, on behalf of the Nova Scotia Museum, is mandated to tell the story of the Scottish Gaels, and their descendants, in Nova Scotia c. 1773 – 1930, as a bilingual, Gaelic-English, outdoor museum site and cultural centre in support of Nova Scotia's contemporary Gaelic heritage community. This policy provides Highland Village board, staff, and volunteers with a framework for public presentation and otherwise conducting the business of Highland Village Museum, through the medium of the Gaelic language.

2.0 Background: Gaelic Nova Scotia and Nova Scotia Highland Village Society

2.1 From the time of the Ship Hector's auspicious landing at Pictou with 189 passengers from Wester Ross in 1773, to the final days of Lewis and Harris settlement of Victoria County's North Shore in the 1850s, the eastern counties of Nova Scotia received thousands of immigrants from the Highlands and Islands of Gaelic Scotland. These Gaels created new homes and communities in Nova Scotia: ethnically distinguished by their language, culture and custom. On November 3rd, 1959, the Nova Scotia Highland Village Society was established to create a museum, and place of Gaelic culture, to preserve and interpret the authentic story of the Scottish Gaels, and their decedents, in Nova Scotia while serving as advocate for the contemporary Gaelic heritage community.

2.2 In declaring Highland Village as the newest provincial museum on June 17, 2000, the Proclamation between the then Department of Tourism and Culture of the Province of Nova Scotia and the Nova Scotia Highland Village Society reads in part: *Therefore we, the undersigned, duly pledge to continue to work toward the creation of an understanding of the Scots-Gaelic people through our museum. We promise to preserve and present the Gaelic language and culture for the benefit of all Nova Scotian's and visitors. We agree to strive to inspire the people of our province to know, value and maintain this important part of Nova Scotia's past, present and future: the culture, traditions, and language of the Scottish Gaels.*

2.3 In 2009 the Nova Scotia Museum Interpretive Master Plan ascribed the following mandate and mission to Highland Village:

- b. *To use the context of an outdoor living history museum to present the story of the Gaelic presence in Nova Scotia, and to chronicle and interpret the experiences of the Gael in the colony and the province in the 19th and 20th centuries.*
- c. *To develop a cultural centre that preserves and celebrates the heritage of the Gaelic language and the Scottish Highlands and Island culture as it developed and evolved in Nova Scotia.*
- d. *To become a fully bilingual Gaelic-English museum site.*
- e. *To support and provide research (including genealogical) opportunities and services to descendants of the Scots who came to settle in Nova Scotia, and others interested in Gaelic history and culture.*
- f. *To disseminate information and the results of research into Gaelic history, particularly as it refers to the Nova Scotia experience.*

2.4 Thus, this policy defines and establishes the guiding principals that underpin the fundamental role of Gaelic language and culture in the mandate and operations of the Nova Scotia Highland Village Society and its relationship with the Nova Scotia and international Gaelic heritage communities. Nova Scotia Highland Village Society is the local management group responsible, on behalf of the Nova Scotia Museum, Nova Scotia Department of Communities, Culture & Heritage, for the stewardship of the Highland Village Museum/An Clachan Gàidhealach, a provincial Gaelic folk-life museum.

3.0 Purpose of Policy

3.1 Nova Scotia Highland Village Society has prepared a Gaelic Language and Cultural Policy for three essential reasons:

- a. to ensure that the Society is at all times engaged in meeting expectations for its institutional mandate as a member of Nova Scotia Museum as described in its inaugurating proclamation of the year 2000.
- b. to develop a consistent approach to authentic interpretation of the Scottish Gaels and their descendants in Nova Scotia by means of their Gaelic language and culture.
- c. to represent and communicate Nova Scotia's Gaelic language and culture through best practices on-site and in the founding community.

3.2 This policy has been created in recognition of the public trust placed in Highland Village to interpret and uphold the Gaelic heritage of Nova Scotia by means of its language, culture and historical presence.

4.0 Policy Aims

4.1 The aims of this policy are to:

- a. ensure that Gaelic language and culture are a fundamental and priority component in the interpretive and community-based activities of Highland Village.
- b. ensure that Highland Village provides cornerstone support for on-going development of Gaelic language initiatives in the province of Nova Scotia.
- c. prioritize understanding that Gaelic language and culture distinguishes the Scottish Gaels and their decedents as a major ethnic group in Nova Scotia.
- d. facilitate understanding of Gaelic Nova Scotia, past and present, through the language and culture of its founding and extant community.

5.0 Implementation of this Policy

5.1 This policy applies to all domains of Highland Village initiative including interpretation, collections of tangible and intangible culture, special programming, publication, community outreach, administrative protocol, human resources and governance.

6.0 Employment and Training

- 6.1 Consideration for candidates knowledge of Gaelic language and culture will be recognized as a valuable asset when recruiting and employing staff.
- 6.2 Staff training in Gaelic language skills and cultural representations will be ongoing and conducted on a regular basis.

7.0 Governance

7.1 A knowledge of Gaelic language and culture will be considered a desirable asset when appointing members to the Nova Scotia Highland Village Society Board of Trustees

8.0 Signage, Digital and Printed Matter

- 8.1 Highland Village messaging will be supported by bi-lingual signage and museum related printed matter, i.e. brochures, magazines, advertisements, video, and the like, where deemed appropriate.
- 8.2 Correct and authentic Gaelic terms and standards for language usage will be present to the greatest extent possible when appearing in Highland Village related printed formats.
- 8.3 Gaelic will be preeminent whenever possible in all promotional materials

9.0 Public Relations

- 9.1 Highland Village will serve as an advocate and Gaelic resource for its constituent community through outreach programming and provision of on-site resources wherever appropriate and within its capacity.
- 9.2 Gaelic speaking members of staff and board will communicate the Highland Village Gaelic policy and promote the language, culture and history of the Nova Scotia Gael through the medium of Gaelic to Gaelic media outlets.
- 9.3 All public relations activities, initiatives and products will include Gaelic content whenever appropriate and possible.
- 9.4 All staff will be oriented on Gaelic initiatives current in the Nova Scotia community.

10.0 Community Outreach

- 10.1 Highland Village will serve the Gaelic community by way of outreach initiatives that may include school visits, special programming, language instruction and physical support.
- 10.2 Wherever possible, Highland Village will support, co-operate and engage with other community groups and organizations in advancing Gaelic language and culture.

11.0 Government Liaison

- 11.1 Wherever possible, Highland Village will liaise, co-operate, facilitate and work with government offices to advance Gaelic language and culture.

12.0 Policy Applications

- 12.1 This policy is the reference document containing the guiding principals for Nova Scotia Highland Village Gaelic language and culture representations.
- 12.2 This policy applies to members of the Board of Trustees, staff, contractors, and volunteers of the Nova Scotia Highland Village Society.
- 12.2 Should clarifications be required, germane to the role of Gaelic language and culture at Highland Village as per this policy, Nova Scotia Highland Village Society agrees that external expertise will be consulted.

13.0 Policy Review

- 13.1 It will be appropriate to review this policy for amendments in accordance with changing circumstances every five years, or when otherwise necessary.

Approved by the Board of Trustees of the Nova Scotia Highland Village Society, June 20, 2009, updated November 14, 2014.